



Chaill sinn còta





'S e deagh charaidean a th' ann an
Seasaidh, Sam agus Seòras.

'S i a' Bhean-phòsta Ros an tidsear a th' aca.

Bha àm cluiche ann agus thuirt an tidsear,

“Tha i fuar a-muigh an-diugh.

Feumaidh sibh còtaichean.”

Chaidh a' chlann a dh'iarraidh an
còtaichean.



“Seo mo chòta,” arsa Seòras.
“Seo mo chòta-sa,”
arsa Seasaidh.



“Càite bheil mo chòta-sa?”
arsa Sam.

“Tha mi a’ dol a-mach.”



“Chan e mo chòta-sa tha seo,”
arsa Sam.

“Tha e ro bheag.”



“Tha mi a’ faicinn mo chòta,”
arsa Sam.



“Càite?” arsa Seasaidh.



“Sin mo chòta!” arsa Sam.



“Agus seo an còta agamsa!”
arsa Seasaidh.



“A-nis thèid sinn a-mach
a chluich,” arsa Sam.